

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

BÒRD NA GÀIDHLIG AG IARRAIDH GUM BI DLEASTANAS SÒISEALTA A' LEANTAINN ANN AN LEASACHADH

07 An t-Sultain 2010

Tha pàirt deatamach air a bhith aig Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Bòrd Leasachaidh na Gàidhealtachd 's nan Eilean a bh' ann roimhe, ann an cruthachadh agus ann an cumail suas leasachadh eaconamach, cànanach, cultarach agus sòisealta co-cheangailte ri Gàidhlig sa Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan thar nan deich bliadhna fichead a chaidh seachad. Anns an tagradh gu Comataidh an Eaconamaidh, Lùth agus Turasachd aig Riaghaltas na h-Alba mar fhreagairt don bhreithneachadh làithreach air an adhbhar airson buidheann iomairt, tha Bòrd na Gàidhlig air iarraidh gum bi dleastanas leasachaidh sòisealta HIE air a chumail suas. Tha buannachdan eaconamach agus sòisealta air èirigh a-mach às an sin thar nan trì deicheadan bhliadhnaichean a chaidh seachad, tha am Bòrd ag aithris, a' toradh luach airgid a bha ann an co-rèir ris an t-sùm bheag sa cheud de bhuidseat na Buidhne Iomairt a chaidh a riarachadh airson na dleastanais shòisealta. Thuirt Iain Aonghas MacAoidh, Ceannard (CEO) ùr a' Bhùird: "Tha am Bòrd ag obair ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan ionadail, buidhnean poblach agus buidhnean coimhearsnachd gus iomairtean Gàidhlig a mhaoineachadh. Tha Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE) agus Bòrd Leasachaidh na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIDB) a bh' ann roimhe sin, air a bhith nam prìomh luchd-ùidh a thaobh leasachadh agus seilbh ann am pròiseactan cànan, cultair agus dualchais na Gàidhlig air feadh na Gàidhealtachd 's nan Eilean, gu h-àraid bho thoiseach nan 1980an nuair a chaidh a thuigsinn gun robh comas cànanach agus cultarach na spreigeadh do leasachadh sòisealta agus eaconamach. Bha an raon-dleastanais shòisealta a bha air a gleidheadh san reachdas a stèidhich an HIDB aig an àm sin, na stèidh airson iomairtean ùr-ghnàthach cànanach is cultarach a chur air bhonn, a tha bhon uair sin air cosnadh brìgheil agus buannachdan eaconamach don sgìre a thoirt gu buil - gu deatamach ann an sgìrean far nach robh modalan eaconamach àbhaisteach air a bhith soirbheachail gu ruige seo no nam brosnachadh làidir gu leòr airson ath-nuadhachadh a chur air adhart." Anns an tagradh chun na Comataidh, tha am Bòrd a' togail gu làidir air an leasachadh ann an craoladh Gàidhlig, na h-ealain Ghàidhlig, foillseachadh Gàidhlig agus iomairtean coimhearsnachd Gàidhlig a tha air a bhith maoinichte tro raon-dleastanais shòisealta HIE, nach robh a-riamh air a thighinn gu bith às aonais. Am measg phròiseactan seilbhe cànan is cultair na Gàidhlig a tha air a bhith nam buannachd do na sgìrean aca tro leasachadh eaconamach agus tro chruthachadh is

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



gleidheadh chosnaidhean, tha na prìomh leasachaidhean aig Sabhal Mòr Ostaig san Eilean Sgìtheanach, Studio Alba agus Colaisde a' Chaisteil ann an Leòdhas, a thuilleadh air tachartasan cultarach leithid fèis ciùil Blas, Fèisean nan Gàidheal agus liubhairt air cùmhnant leasachaidh Gàidhlig HIE tro Chomunn na Gàidhlig agus Pròiseact nan Ealan. Còmhla, tha na leasachaidhean sin air àireamh bhrìgheil de chosnaidhean a chruthachadh agus a chuideachadh, a tha air buaidh mhòr eaconamach a thoirt air an sgìrean fhèin, gu h-àraid an ath-nuadhachadh air a' choimhearsnachd ann an Slèite san Eilean Sgìtheanach am measg an fheadhainn as sònraichte, air a spreigeadh agus air a chumail suas leis a' Cholaiste Ghàidhlig, Sabhal Mòr Ostaig. Tha am Bòrd a' crìochnachadh le: "Tha raon-dleastanais shòisealta HIBD/HIE gu follaiseach air cuideachadh le spiorad iomairt a bhrosnachadh, a tha freumhaichte ann an dìlseachd cànanach is cultarach ann an sgìrean far nach robh modalan leasachaidh eaconamach eile roimhe buadh-mhor gu ìre sam bith, agus mar sin a' cruthachadh dhòighean ùr-ghnàthaichte a thaobh leasachadh gnothachais. Tha Bòrd na Gàidhlig a' moladh gu làidir gum bi an t-àite agus an raon-dleastanais seo air a chumail a' dol san àm ri teachd. Ma leanas an ath-bhreithneachadh làithreach seo air adhart gu solar ùr airson eadar-theachd a dhèanamh air leasachadh eaconamach, tha Bòrd na Gàidhlig a' moladh gum bi an raon-dleastanais sòisealta air a neadachadh air feadh Alba gu lèir, ann an co-rèir ri dleastanas na h-iomairt gus dèanamh cinnteach gum faodar doigh-obrach ioma-phàirteach a choileanadh ann an leasachadh sòisealta, cultarach, cànanach agus eaconamach." Tha tagradh a' Bhùird air fhoillseachadh gu h-iomlan air an làraich-lìn, gaidhlig.org.uk Deireadh Cùl-fiosrachaidh: 'S e Buidheann gnìomha Poblach Neo-Roinneil a th' ann am Bòrd na Gàidhlig a chaidh a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, mar a' phrìomh bhuidheann poblach ann an Alba le uallach airson leasachadh na Gàidhlig adhartachadh agus comhairle mu chùisean Gàidhlig a sholarachadh do Mhinistearan na h-Alba. Fo chumhachan na h-Achd, tha riatanas air a' Bhòrd:

- Inbhe na Gàidhlig a thèarainn mar chànan oifigeil ann an Alba;
- Àrdachadh don Ghàidhlig adhartachadh agus a dhèanamh comasach;
- Comhairle agus cuideachadh a sholarachadh mu chùisean co-cheangailte ri Gàidhlig;
- Meudachadh a thoirt air an àireamh de dhaoine le comas Gàidhlig a thuigsinn agus a chleachdadh;
- Cleachdadh agus tuigse don Ghàidhlig a bhrosnachadh;
- Ruigsinneachd air a' Ghàidhlig a dhèanamh comasach.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu shusbaint na fios-naidheachd seo, cuiribh brath gu: Iain Aonghas MacAoidh air 01463 225454 no iaina@gaidhlig.org.uk Air a sgaoileadh: 7 Sultain, 2010

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG CALLS FOR CONTINUING SOCIAL REMIT IN DEVELOPMENT

07 September 2010

Highlands and Islands Enterprise and its predecessor, the Highlands and Islands Development Board, have played a crucial role in creating and sustaining Gaelic related social, cultural, linguistic and economic development in the Highlands and Islands over the past three decades. In its submission to the Economy, Energy and Tourism Committee of the Scottish Parliament, in response to its current review of the purpose of an enterprise agency, Bòrd na Gàidhlig has called for HIE's social development role to be sustained. Economic and social spin off benefits have been achieved over the last three decades, the Bòrd states, realising considerable value for money relative to the small percentage of the Enterprise Agency's budget allocated to the social remit. John Angus MacKay, the Bòrd's new Ceannard (CEO) said: "The Bòrd works in partnership with local authorities, public bodies and community organisations to fund Gaelic initiatives. Highlands & Islands Enterprise (HIE) and prior to that its predecessor, Highlands & Islands Development Board (HIDB), has been a main stakeholder in the development and investment of Gaelic language, cultural and heritage projects in the Highlands and Islands, particularly since the early 1980's when the potential of linguistic and cultural loyalty as a stimulus to social and economic development was recognised. The social remit enshrined in the legislation which established the HIDB then provided a springboard for innovative linguistic and cultural initiatives which have subsequently realised significant employment and related economic benefits for the area - crucially in areas in which traditional economic development models had hitherto proven not to be sufficient stimulus for regeneration." In its submission to the Committee, the Bòrd highlights the development of Gaelic broadcasting, the Gaelic arts, Gaelic publishing and Gaelic community initiatives which have been funded through HIE's social remit, without which they would not have got off the ground. Examples of Gaelic language and culture investment projects, which have benefitted the areas through economic development and employment creation and retention include major developments at Sabhal Mòr Ostaig in Skye, Studio Alba and Lews Castle College in Lewis as well as cultural events such as the Blas music festival, the Festivals movement Fèisean nan Gaidheal, and the delivery of its Gaelic development contract through Comunn na Gaidhlig and the Gaelic Arts Agency Proiseact nan Ealain. Cumulatively, these developments have created and support significant numbers of jobs, which in turn make a major economic impact in their local areas, the most notable being the regeneration of the community in the Sleat peninsula in Skye stimulated and sustained by the Gaelic College Sabhal Mòr

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Ostaig. The Bòrd concludes: “HIBD/HIE’s social remit has demonstrably helped to stimulate a spirit of enterprise rooted in linguistic and cultural loyalty in areas where other economic development models had made little impact, in turn creating innovative approaches to business development. Bord na Gaidhlig strongly recommends that this social remit and role be continued into the future. Should the current review lead to new provisions for economic development intervention, Bord na Gaidhlig recommends that a social remit be embedded Scotland wide in tandem with the enterprise function to ensure a holistic approach can be taken to social, cultural, linguistic and economic development.” The Bòrd’s submission is published in full on the website, gaidhlig.org.uk Ends Background: Bòrd na Gàidhlig is an executive Non-Departmental Public Body established under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, as the principal public body in Scotland responsible for promoting Gaelic development and providing advice to the Scottish Ministers on Gaelic issues. Under the terms of the Act, the Bòrd is required to:

- Secure the status of Gaelic as an official language of Scotland;
- Promote and facilitate the promotion of Gaelic;
- Provide advice and assistance on matters relating to Gaelic;
- Increase the number of Gaelic people able to use and understand Gaelic;
- Encourage the use and understanding of Gaelic;
- Facilitate access to Gaelic.

For further information on the contents of this news release, please contact John Angus MacKay on 01463 225454 or iaina@gaidhlig.org.uk Issued: 7 September 2010